

PÒSADH AN ALBA

- Fon lagh feumaidh gach pàirtiche a tha ag iarraidh pòsadh creidmheach no catharra foirmean rabhadh pòsaidh a chur gu neach-clàraidh na sgìre sam bi am pòsadh a' gabhail àite, ag innse dha gu bheil iad am beachd pòsadh.
 - Gheibhear foirmean airson rabhadh a thoirt seachad bho neach-clàraidh breith msaa ann an Alba bho làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh aig www.gro-scotland.gov.uk.
 - Feumar rabhadh a thoirt taobh a-staigh nan trì mìosan ron cheann-là pòsaidh agus gun a bhith nas fhaide na 15 làithean ron cheann-là sin
-

Tha a' bhileag seo a' toirt fiosrachadh coitcheann a-mhàin agus cha bu chòir fhaicinn mar aithris iomlan agus reachdach den lagh. Ma tha thu mì-chinnteach, an dèidh a leughadh, bu chòir dhut comhairle iarraidh air neach-clàraidh breith msaa sam bith ann an Alba no bhon luchd-obrach ann an Earrann Pòsaidh /Com-pàirteachais Catharra an Neach-clàraidh Coitcheann, Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (GROS), Taigh Ùr a' Chlàraidh, Dùn Èideann EH1 3YT.

CÒ DH'FHAODAS PÒSADH ANN AN ALBA

Faodaidh dithis sam bith, ge b' e air bith càit a bheil iad a' fuireach, pòsadh an Alba fhad 's:

- a tha gach duine co-dhiù 16 bliadhna a dh'aois air an latha-pòsaidh aca.
- nach eil iad càirdeach dha chèile ann an dòigh a chuireadh stad air a' phòsadh aca (faic an liosta aig deireadh na bileige seo).
- a tha an dithis gun phòsadh no gun a bhith clàraichte a-cheana mar Chom-pàirtiche Catharra (feumaidh neach sam bith a bha pòsta roimhe no clàraichte mar Chom-pàirtiche Catharra pàipearan a shealltainn a' dearbhadh gun tàinig am pòsadh no Com-pàirteachas Catharra roimhe gu crìch tro bhàs, sgaradh-pòsaidh, neonitheachadh no fuasgladh).
- nach eil iad den aon ghnè.
- a tha iad comasach air tuigsinn dè th' ann an seirbheis pòsaidh agus air aontachadh ris a' phòsadh.
- a bhiodh am pòsadh air a mheas dligheach ann an dùthaich cèin sam bith dham buin gin de na pàirtichean.

SEÒRSACHAN PÒSAIDH

Faodar pòsadh ann an aon de dhà dhòigh an Alba - tro sheirbheis **chreidmheach** no tro sheirbheis **chatharra**:

- Chan fhaod pòsadh creidmheach, a dh'fhaodas a bhith ann an àite sam bith, a bhith air a shòlamachadh ach a-mhàin le ministear, pears-eaglais, aoghaire, sagart no duine eile aig a bheil làn-chòir sin a dhèanamh fo Achd Pòsaidh (Alba) 1977.
- Chan fhaod pòsadh catharra, nach fhaod àite a gabhail ach ann an oifis clàraidh no àite ceadaichte, a bhith air a shòlamachadh ach a-mhàin le neach-clàraidh no iar-neach-clàraidh a fhuair cead bhon Àrd-neach-clàraidh

sin a dhèanamh. Gheibhear liosta de dh'àiteachan ceadaichte airson na sgìre sa bheil sibh ag iarraidh pòsadh bho neach-clàraidh breith, msaa na sgìre sin.

No, gheibhear liosta de dh'àiteachan ceadaichte airson Alba bho Earrann Pòsaidh/Com-pàirteachais Catharra, GROS aig an t-seòladh gu h-àird no bho làrach-lìn GROS aig www.gro-scotland.gov.uk. Ma tha thu ag iarraidh cur airson cead sealach airson pòsadh catharra a bhith ann an àite a roghnaich thu, mar do dhachaigh fhèin, bu chòir dhut fios a chur chun an ùghdarras ionadail a bheir comhairle dhut mun t-suim ri phàigheadh agus mun mhodh iarrtais.

CIAMAR AGUS CUIN A BHEIREAR RABHADH

Gheibh sibh foirm rabhadh-pòsaidh, agus fiosrachadh mu suimean, bho neach-clàraidh breith msaa sam bith ann an Alba. Anns a' chuid as motha de chùisean gheibhear seòladh do neach-clàraidh ionadail bhon leabhar-fòn.

- Feumaidh gach pàirtiche rabhadh-pòsaidh a lìonadh agus a chur a-steach, còmhla ri na sgrìobhainnean a dh'fheumar (faic gu h-ìosal) agus an suim iomchaidh, chun an **neach-clàraidh airson na sgìre sam bi am pòsadh a' gabhail àite**. Tha seo a' ciallachadh gum feum gach pàirtiche a bhith mothachail air a' phòsadh agus gach pàirtiche fa leth an dearbhadh air an fhoirm rabhadh-pòsaidh a shoighneadh. Mur toirear rabhadh iomchaidh dh'fhaodadh e am pòsadh a chumail air ais no gun a dhol air adhart.
- Tha an t-àm cudromach. Feumar na rabhaidhean a chur a-steach tràth gu leòr gus am faigh an neach-clàraidh air dèanamh cinnteach gu bheil sibh saor airson a bhith pòsta ri chèile. Sa chumantas bu chòir rabhaidhean a bhith ann an làmhnan an neach-clàraidh timcheall air CEITHIR seachdainean ron phòsadh ma bha aon phàirtiche pòsta roimhe bu chòir na rabhaidhean a bhith aig an neach-clàraidh SIA seachdainean ro-làimh. 'S e an ùine **as lugha 15 làithean ron cheann-là pòsaidh san amharc**, ach ma dh'fhàgas sibh e cho fada ri seo **'s dòcha** gum feumar dàil a chur sa phòsadh agaibh.
- 'S ann an suidheachadh air leth a-mhàin a bheir an t-Àrd-neach-clàraidh ùghdarras airson pòsadh a dhol air adhart às aonais rabhadh 15 làithean.
- Ged nach fheum gach pàirtiche fa leth a dhol gu oifis an neach-clàraidh airson an rabhadh-pòsaidh a chur a-steach, 's dòcha gun tèid iarraidh air co-dhiù aon phàirtiche tadhal innte gu pearsanta ron cheann-là pòsaidh. Tha seo deatamach, airson pòsadh creidmheach, gus an Clàr Pòsaidh a thogail (faic gu h-ìosal) no, 's dòcha gum feumar a dhèanamh airson pòsadh catharra, gus an ullachadh leis an neach-clàraidh a chrìochnachadh.
- Feumaidh a h-uile neach a tha a' cur rabhadh a-steach dearbhadh a shoighneadh ag ràdh gu bheil am fiosrachadh a thugadh air an rabhadh ceart. Mar dhion an-aghaidh dà-chèileachais bidh GROS ag iarraidh dearbhadh eile air an fhiosrachadh.
- Feumaidh gach neach a tha càirdeach air gin de na dòighean san liosta ann am paragraf 2 aig deireadh na bileige seo foirm dearbhaidh air leth a shoighneadh, coltach ris an fhoirm rabhadh pòsaidh a gheibhear bho neach-clàraidh breith msaa sam bith ann an Alba.
- Iarraidh an neach-clàraidh, ann an cuid de shuidhichidhean, do chead-siubhail dligheach no sgrìobhainn eile fhaicinn gus dearbhadh fhaighinn air do nàiseantachd.

MA THA THU A' FUIREACH AN SASANN NO SA CHUIMRIGH

- An àite rabhadh a thoirt do neach-clàraidh an Alba san dòigh àbhaisteach, ma tha thu am beachd pòsadh
 - (i) neach a tha a' fuireach an Alba no
 - (ii) neach a tha a' fuireach an Sasann no sa Chuimrigh aig a bheil pàrant a' fuireach an Alba, faodaidh tu rabhadh-pòsaidh a thoirt don neach-clàraidh stiùiridh anns an sgìre an Sasann no sa Chuimrigh anns a bheil thu a' fuireach. Ach, bu chòir don neach a tha thu a' pòsadh rabhadh a thoirt an Alba anns an dòigh àbhaisteach.
- Bu chòir dhut comhairle iarraidh air an neach-clàraidh stiùiridh ma tha thu airson seo a dhèanamh. Bu chòir dhut an teisteanas airson pòsadh a fhuair thu bhon neach-clàraidh stiùiridh a chur chun an neach-clàraidh an Alba cho luath 's a ghabhas.

SGRÌOBHAINNEAN A DH'FHEUMAR A SHEALLTAINN

Nuair a bhios tu a' toirt no a' cur nam foirmean rabhadh-pòsaidh chun an neach-clàraidh feumaidh an dithis agaibh na leanas a shealltainn:

- Do theisteanas breith.
- Ma bha thu pòsta no ann an com-pàirteachas catharra clàraichte roimhe agus gun robh am pòsadh no com-pàirteachas catharra air fhuasgladh no air a neonitheachadh, òrdugh sgaradh-pòsaidh no fuasgladh no neonitheachadh no lethbhreac de dh'òrdugh barrantaichte. Feumaidh òrdugh sgaradh-pòsaidh no fuasgladh a fhuairidh air taobh a-muigh na h-Alba a bhith iomlan no deireannach - cha ghabhar ri decree nisi.
- Ma tha do chèile no com-pàirtiche catharra air bàsachadh, teisteanas bàis a' chèile no com-pàirtiche catharra a bha agad roimhe.
- Ma tha do dhachaigh thall thairis, teisteanas neo-bhacaidh bhon ùghdarras iomchaidh ag ràdh gu bheil thu saor airson pòsadh - faic MA THA DO DHACHAIGH TAOBH A-MUIGH NA RÌOGHACHD AONAICHTE (gu h-ìosal).
- Ma tha gin de na sgrìobhainnean sin ann an cànan eile seach Beurla feumar eadar-theangachadh barrantaichte gu Beurla a shealltainn cuideachd.
- Na dèan dàil a' toirt rabhadh dìreach ma thu a' feitheamh gus am faigh thu gin sam bith de na sgrìobhainnean air an ainmeachadh gu h-àird. Ma bhios e a' tighinn faisg air an àm tha e nas fheàrr rabhadh a thoirt an-toiseach agus na sgrìobhainnean a chur chun an neach-clàraidh nuair a gheibhear iad; ach feumaidh iad a bhith aig an neach-clàraidh ron phòsadh. Cho fad 's a tha na sgrìobhainnean ann an òrdugh faodaidh am pòsadh a dhol air adhart mar a bha dùil.

Ma tha thu umhail do smachdan in-imrich 's dòcha gum feum thu pàipearan eile a shealltainn a bharrachd air na tha air am mìneachadh gu h-àird. Mur eil thu cinnteach dè tha air iarraidh, no ma dh'fheumas tu tuilleadh fiosrachaidh, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach-clàraidh no sgrìobhadh gu GROS aig an t-seòladh aig toiseach na bileige seo.

MA THA DO DHACHAIGH TAOBH A-MUIGH NA RÌOGHACHD AONAICHTE

Feumar cumail ris a' mhodh ghnàthach a' toirt rabhadh don neach-clàraidh an Alba ach mar chaidh a ràdh roimhe tha barrachd air iarraidh ort.

- Ma tha do dhachaigh ann an dùthaich eile taobh a-muigh na RA agus, mar sin, umhail do laghan pòsaidh na dùthcha sin bu chòir dhut ma ghabhas e a dhèanamh, teisteanas fhaighinn bhon ùghdarras iomchaidh (mar as trice an t-ùghdarras catharra) anns an dùthaich sin ag ràdh nach eil bacadh sam bith ris a' phòsadh agad. Ma tha an teisteanas ann an cànan eile seach Beurla feumaidh tu eadar-theangachadh barrantaichte a shealltainn cuideachd.
- Às aonais an teisteanais sin gun deagh adhbhar a thoirt, 's dòcha nach fhaod thu pòsadh ann an Alba.
- Ma tha thu a' fuireach san RA a-nis agus air a bhith a' fuireach an seo airson 2 bhliadhna no barrachd cha leig thu leas an teisteanas sin a chur a-steach.
- Ma tha thu mì-chinnteach dè tha air iarraidh, no ma dh'fheumas tu tuilleadh fiosrachaidh, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach-clàraidh no sgrìobhadh gu GROS aig an t-seòladh aig toiseach na bileige seo.

AG ULLACHADH AIRSON NA SEIRBHEIS PÒSAIDH

Tha e cudromach ullachadh a dhèanamh tràth airson ceann-là agus uair a' phòsaidh agad.

- Mas e seirbheis creidmheach a bhios agad cuir fios chun mhinisteir no phears-eaglais **creidmheach** a tha a' dol a ghabhail na seirbheis mus lìon thu an rabhadh-pòsaidh.
- Airson pòsadh **catharra** dèan ullachadh ro-làimh leis an neach-clàraidh. Tha seo gu sònraichte cudromach ma tha am pòsadh gu bhith ann an oifis clàraidh no ann an àite ceadaichte ann am bailtean agus cathair-bhailtean, far am faodadh àireamhan mòra de dhaoine a bhith ag iarraidh pòsadh aig amannan àraidh den bhliadhna.
- Dèan ullachadh airson dithis dhaoine, aois 16 bliadhna no nas sine, a bhith an làthair aig a' phòsadh agaibh mar fhianaisean. Feumar iad eadar gur e seirbheis chreidmheach no chatharra a bhios ann.
- Dèan cinnteach gun innis thu don phears-eaglais no an neach-clàraidh ma dh'atharraicheas tu do phlanaichean no ma cho-dhùineas thu do phòsadh a chur dheth.

AN CLÀR PÒSAIDH

Nuair a tha e riarichte nach eil gearan laghail ris a' phòsadh, ullaichidh an neach-clàraidh Clàr Pòsaidh bhon fhiosrachadh a thug thu seachad. 'S e sgrìobhainn fìor chudromach a tha anns a' Chlàr - **chan urrainn do phòsadh sam bith a dhol air adhart às aonais.**

- Ma tha pòsadh creidmheach gu bhith agad cuiridh an neach-clàraidh an Clàr Pòsaidh thugad. Chan fhaodar an Clàr a chur thugad barrachd air seachd làithean ron phòsadh agus innsidh an neach-clàraidh dhut cuin a thig thu a-steach ga thogail. Chan fhaod neach a tha càirdeach dhut no caraaid an Clàr a thogail às do leth - cuiridh an neach-clàraidh e a-mhàin chun an fhear no an tè a tha am beachd pòsadh.
- **Feumar** an Clàr Pòsaidh a shealltainn ron t-seirbheis pòsaidh don neach a tha a' dèanamh na seirbheis pòsaidh.
- Cho luath 's a bhios an t-seirbheis seachad feumaidh gach cèile, an neach a tha a' sòlamachadh a' phòsaidh agus an dà fhianais an Clàr a shoighneadh. An dèidh sin feumar a thilleadh chun an neach-clàraidh taobh a-staigh trì latha gus am faighear air a' phòsadh a chlàradh.

- Ma tha pòsadh catharra gu bhith agad cha bhi Clàr Pòsaidh air a chur thugad, ach bidh an neach-clàraidh ga thoirt chun na seirbheis pòsaidh airson ainmean-sgrìobhte. An dèidh sin clàraidh e am pòsadh.
- Bidh suim airson a' phòsaidh agus, ma bhios sin iomchaidh, airson neach-clàraidh barrantaichte a bhith ann an àite ceadaichte ri phàigheadh don neach-clàraidh ro-làimh.

TEISTEANAS PÒSAIDH

An dèidh don phòsadh a bhith clàrte gheibh sibh lethbhrìc den teisteanas pòsaidh bhon neach-clàraidh ma phàighear an suim iomchaidh.

ÌREAN CÀIRDEIS ANNS A BHEIL PÒSADH MÌ-LAGHAIL

1. Càirdeas na fala

Chan fhaod fireannach pòsadh:

A mhàthair

A nighean

A sheanmhair

Ogha

A phiuthar

Antaidh

Nighean peathair/bràthar

A shinn-seanmhair

Iar-ogha

Chan fhaod boireannach pòsadh:

A h-athair

A mac

A seanair

A h-ogha

A bràthair

A h-uncail

Mac peathair/bràthar

A sinn-seanair

A h-iar-ogha

2. Càirdeas tro chleamhnas – faic an nòta gu h-ìosal

Chan fhaod fireannach pòsadh:

Nighean no ogha na mnatha a bha aige roimhe

Nighean no ogha na com-pàirtiche catharra a bha aige roimhe

Bean a bha aig athair no a sheanair roimhe

Com-pàirtiche catharra a bha aig a mhàthair no a sheanmhair roimhe

Chan fhaod boireannach pòsadh:

Mac no ogha an fhir a bha pòsta aice roimhe

Mac no ogha a' chom-pàirtiche catharra a bha aice roimhe

Fear-pòsta a bha aig a màthair no a seanmhair roimhe

Com-pàirtiche catharra a bha aig a h-athair no a sheanair roimhe

3. Càirdeas tro uchd-mhacachd

Chan fhaod fireannach pòsadh:

Tè a tha no a bha na màthair dha tro uchd-mhacachd

Nighean a tha no a bha aige tro uchd-mhacachd

Chan fhaod boireannach pòsadh:

Fear a tha no a bha na athair dhi tro uchd-mhacachd

Mac a tha no a bha aige tro uchd-mhacachd

Nòta:

Faodaidh daoine aig a bheil càirdeas taobh a-staigh nan ìrean anns an liosta aig 2 pòsadh ma tha an dithis 21 bliadhna a dh'aois no nas sine aig àm a' phòsaidh agus nach robh an neach as òige, ron 18mh ceann-là aige no aice, a' fuireach san aon dachaigh ris an neach eile agus air a thogail leis an neach sin mar bhall den teaghlach.

A thaobh pàirtiche ann am pòsadh le gnè a thàinig gu bhith na ghnè coisinnne fo Achd Aithneachadh Gnè 2004 bidh iomradh sam bith air bean no duine a bha aig an neach sin roimhe a' gabhail a-steach (airson gach neach fa leth) duine no bean sam bith a bha aig an neach sin roimhe.